

Fiosrachadh mun Daolag-ola Gheàrr-Muinealach





An Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach

Tha an Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach (*Meloe brevicollis*) na daolag ghleansach dhubh a tha a' fuireach air talamh-feòir cladaich is dùin-ghainmhich far a bheil pailteas fhilùraichean-fiadhaich eadar deireadh a' Mhàirt is an t-Ògmhios.

Tha tòracs ceart-cheàrnach air an daolag seo agus abdomen mòr a tha nas fhaide na ceasaichean beaga a sgiathan. Canaidh daoine gu bheil coltas siosacot air nach gabh na putanan aige a dhùnadh! Tha na h-iaidhairean aige goirid, dìreach agus nas tighe aig a' bhàrr. Bidh an daolag seo suas ri 24mm a dh'fhaid.


Tha an daolag seo an siud 's an seo air feadh taobh an iar Bhreatainn, a' chuid as motha dhiubh sna h-Eileanan Siar agus sna h-Eileanan A-staigh. Chithear an Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach ann an àitichean faisg air a' chladach ann an Alba air feadh nan Eilean, a' gabhail a-staigh Barraigh, Colla, Ìle, Tiriodh agus Uibhist.

Tha a' ghnè seo an cunnart a dhol à bith a chionn 's nach eil iad ach a' fuireach ann an corra àite agus a chionn 's gu bheil cearcall am beatha an eisimeil sheilleanan aonranach.

Airson taic a chumail ris a' ghnè ann an Alba, chaidh an Daolag-ola Gheàrr-Mhuinealach a thaghadh mar aon de na 37 gnèithean prìomhachais aig Gnèithean air an Oir, prògram a tha a' faighinn taic-airgid o Mhaoin-dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta.



A' mhachair aig Cill an Àilein, Ìle



Àitichean far am faicear an Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach ann an Alba

Bith-àrainn is cuairt-bheatha

Ann an Alba, 's ann air machraichean nan Eilean Siar agus nan Eilean A-staigh a chithear an Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach mar is trice ach cuideachd àite sam bith far a bheil dùin-ghainmhich. 'S fheàrr leotha leathadan fasgach a tha ris an àirde a deas is an iar far a bheil gainmheach dhaingeann gun chus lusan.

Ithidh iad diofar fhhlùraichean a dh'fhàsas aig astar gu math goirid on àite neadachaidh aca. Am measg na feadhainn as fheàrr leotha tha co-fhlùraichean buidhe agus buidheagan (Ranunculaceae).

Mar daolagan-ola eile, tha iad a' tighinn beò air nid aig seilleanan aonranach a nedaicheas san talamh. Nochdaidh na daolagan inbheach o dheireadh a' Mhàirt is bidh iad mun cuairt chun an Ògmhios. Nì iad briodadh greiseag an dèidh dhaibh nochdadh is laighidh an daolag bhoireann badan de dh'ughean ann am faice neadachaidh. Thig larbhachan na daolaige (direach 0.5mm a dh'fhaid!) às na h-ughean seo san Ògmhios is san Iuchar. Sreapaidh iad ri flùraichean am fagas is gheibh iad greim air seillean aonranach a thadhlas air an fhlùr. Leanaidh iad riutha air ais gu faice neadachaidh an t-seillein is ithidh iad am poilean a chruinnich an seillean, mus tèid iad nam pùpachan. Nochdaidh a' ghinealach ùr de dhaolagan inbheach as t-earrach na h-ath-bhladhna.

Chithear daolagan inbheach eadar deireadh a' Mhàirt is an t-Ògmhios air talamh-feòir is ann an dùin-ghainmhich far a bheil pailteas fhhlùraichean. 'S ann air làithean blàtha grianach a bhios iad as beòthaile. Tha larbhachan na daolaige mun cuairt san Ògmhios is san Iuchar. 'S ann air an t-Seillean-phlàsta Tuathach (*Colletes floralis*) a thig a' ghnè seo beò ann an Alba is tha àireamh an t-seillein fhèin – a bhios mun cuairt eadar an t-Ògmhios is an Lùnastal – a' crìonadh.



Bith-àrainn neadachaidh àbhaisteach aig Cill an Àilein, Ìle



Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach ag ithe duilleagan buidheige



Larbhachan na Daolaig-ola Geàrr-mhuinealaich © John Walters

A' stiùireadh fearann dhan Daolag-ola Gheàrr-mhuinealach

Tha beatha na Daolaig-ola Geàrr-mhuinealaich a' crochadh air stiùireadh fad-ùineach nam machraichean is nan dùn le pailteas fhùraichean-fiadhaich orra.

Stiùireadh nam bith-àrainnean

- A' brosnachadh raointean de dhùin-ghainmhich a ghluaiseas is a thuiteas gu nàdarra airson àitichean neadachaidh iomchaidh a chruthachadh (àitichean gun lusan no le beagan de lusan)
- Sior stiùireadh a bhrosnaicheas flùraichean agus a sheachnas cus preaslaich

Crodh is ionaltradh

- A' seachnadh ionaltradh fada agus trom oir dh'fhaodadh nach fhàs uiread a dh'fhùraichean ri linn, gun crìon a' mhachair is gun tèid cron a dhèanamh air na faicean neadachaidh
- An ìre as lugha de dh'ionaltradh as t-samhradh a chùm math nam flùraichean
- Ionaltradh aotrom as t-fhoghar agus sa gheamhradh, le crodh mas urrainn
- Mur an gabh ionaltradh a dhèanamh, feumar am fear a ghearradh agus is ann as t-fhoghar as fheàrr. Feumar cuid a dh'àitichean fhàgail gun ghearradh gach bliadhna agus nach tèid na tha air a ghearradh a thoirt air falbh

Leasachadh nam bith-àrainnean

- Ag ath-shlànachadh raointean mòra de thalamh-feòir air am fàs pailteas fhùraichean-fiadhaich is a cheanglas na bith-àrainnean is àireamhan dhiubh a th' againn ri chèile
- A' cruthachadh laganan ann an àitichean fàsach grianach mur eil saltairt cruaidh a' cruthachadh pìosan gu leòr de thalamh lom
- A' seachnadh puinnsean bhiastagan no tothar ceimigeach



Chaidh a' bhileag seo a dhèanamh le Gnèithean air an Oir, prògram com-pàirteachais eadar ochd buidhnean glèidhteachais a tha a' faighinn airgead o Mhaoin-dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta. Faigh barrachd fiosrachaidh air www.speciesontheedge.co.uk

Dealbh aghaidh © Peadar Ó Conaill
Na dealbhan eile © Sally Morris mur eil an caochladh ga innse

buglife.org.uk

scotland@buglife.org.uk

Tha Buglife - The Invertebrate Conservation Trust na charthannas clàraichte aig Allia Future Business Centre, London Road, Peterborough, PE2 8AN. Àireamh carthannais clàraichte 1092293, Àireamh carthannais Albannach SC040004, Àireamh na companaidh 4132695